

National Library of Scotland



B000035251

*Dleasdanas nan Gaidheal a thaobh
Eaglais an Athleasachaidh*

EARRANN DE DH'ORAID

A THUGADH SEACHAD FA CHOMHAIR

SEANADH GHLEANN-EILG

'SA BHLLIADHNA 1878

DUNEIDIN

AIR A CHLO-BHUALADH

LE UILLEAM BLACKWOOD AGUS A MHIC

1879

RECEIVED BY THE OFFICE OF THE SECRETARY OF THE ARMY

WASHINGTON, D. C.

SEPTEMBER 1918

OFFICE OF THE SECRETARY OF THE ARMY
WASHINGTON, D. C.

FACAL DO'N LEUGHADAIR.

THA e 'na ni prìseil, am measg gach sgaradh brònach a thainig a stigh do dh' Eaglais an Athleasachaidh, gu bheil fathast caoimhneas 'us cairdeas mar bu nòs eadar coimhearsnaich agus cairdean a dh'aindeoin gach cainnt chruaidh a chaidh a chleachdadh. Chi sinn Ministeirean de gach seorsa aidmheil a' coinneachadh aig cuid de na h-uairean is soluimte 'nar beatha; chi sinn Clèir de gach aidmheil Phrotestanaich aig pòsadh agus aig baisteadh; chi sinn iad a' coinneachadh aig an leabaidh bhàis, far am bheil cuisean-riaghlaidh Eaglais air an cur a thaobh, agus air an di-chuimhneachadh

an uair a tha nithean riochdail na siorruidh-eachd a' fosgladh fa chomhair an anama; chi sinn iad ag urnuigh le cheile an tigh a' bhroin; agus chi sinn iad mar an ceudna ag urnuigh mar le aon chridhe a' fosgladh cuirtean sgoiltean ar sgìreachdean. Ach ann an aoradh follaiseach Dhia, an uair a tha clag na h-Eaglais a' bualadh a thoirt cuireadh do 'n t-sluagh dol a suas lamh air laimh do thigh aoraidh Dhè, chi sinn aon bhuidheann a' dol aon rathad agus buidheann eile a' dol rathad eile. 'Sann airson Gaidheil ar Duthcha a thoirt fathast nis dluithe air a' cheile ann an caoimhneas agus ann an gradh an aoradh follaiseach Dhia a chaidh na briathran a leanas a sgrìobhadh, agus an dochas gu'n dean gach aon gach ni 'na chomas airson clach a chur 'san aitreabh, is mi,

Ar caraid durachdach,

D. M'F.

DLEASDANAS NAN GAIDHEAL A THAOBH
EAGLAIS AN ATHLEASACHAIDH.

“Agus bha Airc an Tighearna am fearann nam Philisteach
seachd mìosan.”—1 SAM. vi. 1.

Tha triallairean na *Voluntaries* a nis a' siubhal ar
duthcha, agus a' deanadh na tha 'nan comas a
dhùsgadh aimhreit 'nar measg:—

“Le sùil chlaon air gach taobh a' glaothaich gu farumach
Mar aontaich sibh leinne bi'dh sibh sgrìosta gun dàil.”

Ach tha sinn làn chinnteach am preas a bha
logadh bho chian nach dean triallairean na *U.*
P.'s a chur 'na smàl. Tha fhios againn gu math
an dèidin a bha aig ar n-aithrichean, agus na soch-
airean a bha iad a' mealtainn fo'n chraoibh a bha
a' sgaoileadh a geugan, agus le boltrach ùrar a'

deanadh ait cridheachan nan linntean a dh' aom. Tha ar dochas fathast gu'm bheil freumhan na craoibhe sin cho domhain ann an glinn ar duthcha agus nach dean na ruagalaich a tha a' siubhal na Tìre, 's a' dùsgadh gu fearg, a spionadh as a freumhan. An uair a sheallas sinn a stigh ann am brìgh na h-eachdraidh a tha an dlùcheangal ri "Airc an Tighearn am fearann nam Philisteach," chi sinn iadsan a thainig dlù air an Airc gun lamhan glan agus gun chridhe ceart, gu'n d'thainig iad gu truaighe. A rithist iadsan a rinn greim air an Airc le h-an-danadas, agus a bha 'ga meas mar sheun, mar a bha na Cinnich a' sealltainn air an iodhalaibh, tha fhios againn, nach robh an Airc idir dhoibh 'na dìdein. Shaoil na h-Israelich cho fad 'sa bha an Airc le 'làthaireachd 'nan seilbh, gu'm bitheadh buaidh làraich dhoibh anns gach cùis an aghaidh an naimhdean. Nach bi sud Airc an Dia bheo fa chomhair nach seasadh cumhachd 'sam bith? Nach b'ann fa chomhair làthaireachd na h-Airce ud a sheas uisgeachean Iordain mar bhallachan air gach taobh airson rathad tioram a thoirt dhoibh? Nach bi sud an Airc fa chomhair an do

thuit ballachan Iericho 'nam bruanaibh? Co an namhaid a b' urrainn seasamh f'an comhair an là a' chruadail, agus Airc nam mìle buaidh 'nan seilbh? Bha de làn earbsa aca anns an Airc agus gu'n do thog iad iolach àrd a chuir eagal ann an cridheachan an naimhdean. Ach, mo chreach! aig deireadh an là, "Cha b'e mo roghainn a bha an uachdar." Chaill na h-Israelich an cath, agus fhuair na Philistich Airc an Tighearna 'nan seilbh fad seachd mìosan.

Ach cha robh an Airc 'na beannachd do na Philistich. Cha robh fhios aca ciod a dheanadh iad rithe. Bha i dhoibh mar phlaigh, oir bha leir-sgrios eagalach 'na lorg,—bha làmh Dhia trom orra.

Tha sinn a' foghlum gu soilleir bho'n eachdraidh so gu'm bheil e comasach gu faod soch-airean priseil imeachd bho aon bhuidheann de dhaoine gun a bhi 'nam beannachd do bhuidheann eile. Tha daoine ann a shanntaicheas sochairean an coimhearsnaich, agus 'nan seilbh cha bhitheadh iad ach mar Airc an Tighearnan an laimh nam Philisteach. Tha cuid ann a smaointicheas ma

tha mearachd 'nan coimhearsnaich gu bheil iad fein uile ceart,—mur eil sochairean sonruichte aig Eaglaisean eile a tha iad fein a' sealbhachadh, gu bheil na h-Eaglaisean sin cearr agus iad fein ceart. Theagaisg an Tighearna do na Philistich, agus tha e a' teagasg dhuinne, cho mearachdach agus cho baoth 'sa tha a leithid so de iomairt smaointeachaidh. Bha Airc an Tighearna 'na h-àile bàis a chum bàis do na Philistich, agus araon do na h-Israelich an uair a bha'n cridh-eachan ag aomadh gu iodhal-aoraidh.

Tha sinne, le mòr reuson agus le mòr dhùrachd, a' sealltainn air Eaglais Steidhichte na h-Alba mar Airc ar dìdein. 'S i Eaglais na h-Alba Eaglais bhudhach an Athleasachaidh. 'S i Eaglais Steidhichte Alba a mhain a chumas agus a tha cumail teagasg a' Bhiobuil gun atharrachadh sam bith. Ann am briathran Riaghailtain na h-Aontachd (*Revolution settlement*), eadar Albainn agus Sasunn, bha e air a dhaingeachadh gu 'm bìodh “an aidmheil a bha air a h-aid-eachadh an sin an Albainn air a coimhead anns gach linn gu teachd gun atharrachadh sam bith.” Is i Eaglais na h-Alba mathair-altruim gach

buidheann a sgar iad fein uaipe, agus tha fhios againn mar a bha agus a tha gach buidheann dhiu ag atharrachadh. Ged a dh'eireadh Iain Knox agus Melville as an uaignean cha 'n aithnicheadh iad an Eaglais a steidhich iad, am measg gach atharrachadh agus sgaradh truagh a thainig 'nar measg. Ach tha an Eaglais Steidhichte gun atharrachadh fathast. Agus aon ni a thainig m'an cuairt am freasdal Dhia nach robh mòr shoirbheachadh do neach sam bith bho laithean Heroid agus Philat a rinn eucoir agus dimoladh air Eaglais Chrìosd. Tha iarmad gach aon a thog an guth gu mearachdach an aghaidh Eaglais na h-Alba bho 1843 air chall. Cha'n 'eil e soirbh Airc an Tighearna a bhristeadh as a cheile!* Agus ma b'e rùn Iain Knox an Eaglais Steidhichte a bhi air "*a cumail gun atharrachadh sam bith an Albainn anns gach linn ri teachd,*" feudaidh sinn gu'n eagal ro namhaid a cheisd a chur:—Co i an Eaglais a dh'fhosgail a dorsan gu

* Cha'n fhaighear an diugh anns an Taobh Tuath ach gann aon de shliochd nam Ministearan a dh'fhag an Eaglais 's a' bhliadhna 1843 a' seasamh ann an crannaig 'san Eaglais Shaoir.

farsainn fial do'n bhoichd agus do'n bheartach bho cheann tri cheud bhliadhna, agus a thubhairt "*Thigibh gun airgiod agus gun luach,*" mar a thubhairt Eaglais na h-Alba? Cha'n 'eil a ministeirean an eisimeil a bhi a' bleid ris na beairtich, no a bhi 'miodal ris na boichdan. Tha iad *saor* gu Soisgeul Chrìosd a shearmonachadh, —*saor*, gu seasamh an ainm an Rìgh a chuir Dia ann an Sion,—*saor* gu bratach bhruadhach a' chroinn Cheusaidh a thogail, agus saibhreas do-rannsaichte Chrìosd a chur an ceill gun sgàth gun eagal. Ach aig an am cheudna tha aobhar aig ministeirean na h-Eaglais an aire a thabhairt nach bi Àire an Tighearna dhoibh 'na seun mar bha fhalt do Shamson. Cha bhi an Aire 'na dìon ach mar a bhitheas iadsan eudmhor a thaobh Dhia; "dùrachdach 'nan spiorad; a' deanamh seirbhis do'n Tighearna."

Tha Aire an Tighearna an Albainn ann an cunnart. Tha a naimhdean lionmhor, agus air an deanamh suas cha'n ann a mhain de thrial-lairean na *Voluntaries*, ach mar an ceudna de Ain-diadhairean nach eil a' creidsinn idir ann an Dia; do na *U.P.'s* an Albainn; do chuid de

mhinisteirean na h-Eaglais Shaoir; agus do gach seorsa eile nach aidich gur e dleasdanas na rioghachd an Tighearna Iosa Crìosd aideachadh mar Rìgh nan Rìghrean.* Co 'nar measg a chuir eadh clach 'san aitreamh a bhiodh air a deanadh suas de gach seorsa dhaoine a dh'ainmich sinn? Nar leigeadh Dia gur ann an seilbh na muinntir sin a bhitheadh "Airc an Tighearna"!

Ach their iad, nam biodh Eaglais na h-Alba air a tionndadh bun os ceann, agus a sochairean air an tabhairt air falbh, gu'n aontaicheadh gach buidheann Chrìosdaidhean ann an Albainn, agus gu'n togadh iad a suas Eaglais mhòr nomha air an làraich,—gu'n tilleadh gach seillein agus gach sgaoth air an ais do dh'aon *sgeap*, agus gu'm biodh aon fhàrdach mhòr air a togail a cho-

* A cheud òraid a rinn an t-Ollamh Chalmers an deigh sgaradh bho'n Eaglais ann 1843, thubhairt e, gu'n robh iad a' fagail na h-Eaglais Steidhichte air bonn-stèidh Eaglais Steidhichte. Ach tha mòran de chlàir na h-Eaglais Shaoir a nis air aontachadh leis an *Liberation Society* an Sasunn airson Eaglais na h-Alba a thoirt gu làr. "Cha 'n eil ni ùr fo'n ghrein" arsa an duine glic. "Air là sonruichte," tha an Soisgeul-aiche Lucas (xxiii. 12), ag innseadh dhuinn, "Rinneadh Pilat agus Herod 'nan cairdean d'a cheile 'san là sin; oir bha iad roimhe sin 'nan naimhdean d'a cheile."

fhreagradh do dh'iarrrtas cridhe agus anama gach *Voluntary*, gach *U. P.*, gach Baisteach, agus gach Saobh-chreideach san Tìr. “*Nan diomhair-eachd na tigeadh m'anamsa; r'an coimhthional m'onairsa na bitheadh air a h-aonadh.*” Cha b'e sin a mhain a bhi a' togail aitreabh air a' ghainneamh, ach mar an ceudna 'ga togail de chlachaidh nach cumadh ri cheile, agus a bhruanadh le'n cudthrom fein.

Tha gun teagamh fios againn air gach dòlas agus gach mì-rùn a thainig an lorg gach sgaradh a rinneadh 'san Eaglais,—tha fhios againn an reubadh a rinneadh air corp Chrìosd; ach tha sinn làn chinnteach nach e na *Voluntaries* a ni a cheartachadh. B'e sin a bhi a' cur aodach gun dreach air seann aodach—na *Voluntaries* a bhi 'g athleasachadh Eaglais na h-Alba—“Airc an Tighearna an laimh nam Philisteach.” Mar mhuinntir a tha dìleas do leas ar rioghachd—dìleas do dh'Eaglais an Athleasachaidh, agus dìleas do dh'aobhar an t-Slanuighear, tha aon dleasdanas an earbsa ruinn cho fada 'sa tha 'nar comas, agus is e sin, an t-ionmhas a fhuair sinn o'r n-aithrichean fhàgail aig an àl ri teachd—Airc

an Tighearna fhàgail gun atharrachadh sam bith —gun a bhi air a luasgadh a null agus a nall air uideal eadar *Voluntaries*, *U.P.'s*, Ain-diadhair-ean *Leeds*, agus gach seorsa eile a tha an geall air a seilbh. An n-e gu faic sinn an tigh 'san do rinn ar n-aithrichean aoradh air a thilgeadh gu làr le lamhan nam Philisteach, agus gu'n aontaich sinn fasnadh a ghabhail fo aitreabh 'sam bith eile a thogas iadsan? O 'nar leigeadh Dia! Cha bhi Aire an Tighearna 'nan seilbh-san gu bràth na dèidein dhuinne.

Seallamaid air a' chuis mar a labhair na Diadh-airean a shuidh an Ard-sheanadh Eaglais na h-Alba 'sa bhliadhna 1566, A.D. (December 26), agus is i mo bharrail gu'm b'e Iain Knox a sgrìobh na briathran agus a sgrìobh iad mar neach a labhairt le spiorad Faidh:—“*Air dhuinn* fhaicinn mar a tha maoin dhligheach na h-Eaglaise gu ainneartach air a tabhairt air falbh agus gu mearachdach air a caitheamh ann an nithibh diomhain le daoine aig nach eil dreuchd an Eaglais Dhè; agus aig an àm so, tha na ministeirean a' tuiteam air falbh a thaobh uireasbhuidh; na bochdan a' bàsachadh le h-acras; na sgoilean a' seargadh

agus na h-Eaglaisean a' tuiteam gu làr." Tha na *Voluntaries* a nis ag iarraidh maoin dhligheach na h-Eaglais a thubhairt air falbh, agus a' caitheamh ann a bhi paigheadh chisean na Rioghachd.

Gun teagamh tha ullachadh a nis air a dheanamh le lagh na rioghachd airson nam bochd, agus airson foghlum na h-oigridh. Ach nam bitheadh an t-ullachadh,—maoin dhligheach na h-Eaglais—air a thabhairt air falbh leis na *Voluntaries*, "thuiteadh" (mar a thubhairt Iain Knox), "na ministerean air falbh a thaobh uireasbhuidh;" thuiteadh na h-Eaglaisean gu làr; cha bhiodh ministear foghlumte an cearnaibh iomallach na Gaidhealtachd. B'iad so agus iomadh teanntachd eile a thigeadh an lorg Eaglais na h-Alba a thilgheadh gu làr. Aidmheil fa leth aig gach neach bho'n Bhanrigh gus an neach is isle staid. Ann an aon fhocal cha bhiodh Eaglais 'nar Tìr ach Eaglaisean na mi-riaghailt; buidheann bheag an sid agus an so a' gladhaich ri cheile:—"Cha n'eil steidh ann ad theagasg." B'e so Airc an Tighearna an Iaimh nam Philisteach,—gach aon a' deanamh lagh dha fein agus 'na Eaglais dha fein.

Tha fhios againn an fhreagairt a bheir na *Voluntaries* do'n chuis so:—“Faic ciod a rinn eas-aonachd ann an Gaidhealtachd na h-Alba—na *stèipinnean* a tha air an togail gach bliadhna do mhinisteirean na h-Eaglais Shaoir.” Gle cheart; ach mur bitheadh an Eaglais Shaor an comhstri agus a' comhachadh ri Eaglais na h-Alba, am biodh a' chuis mar sin? Cha seas a chomh-streup sin fada, agus an sin bithidh Gaidhealtachd na h-Alba mar tha gach Rìoghachd eile far nach 'eil Eaglais Steidhichte. Tha fhios againn gur ann an Sasunn a tha mathair-ghuir na muinntir sin ris an abrar an *Liberation Society*. Ach ciod is mo leo-san leas anma nan Gaidheal? Cha do chuir iad peighinn riamh an sporan airson leas nan Gaidheal, ged a tha iad a' cruinneachadh airgid airson cosd air ruagalaich a tha dol mu'n cuairt a dhùsgadh aimhreit am measg ar luchd-duthcha.

Tha e fìor, ann an ioma cearn de 'n Ghaidhealtachd, gu'n do sgar mòran iad fein bho Eaglais na h-Alba, agus is e so an t-aobhar sonruichte gu bheil na *Voluntaries* an dochas gu'n tilg iad bun os ceann an Eaglais Steidhichte. Is ann

le neart nan Gaidheal a tha dochas aig na *Voluntaries* gu'n teid aca air an Eaglais a sgrios. Ach am bheil iad onarach 'san oidhearp? C'arson is ann an Gaidhealtachd na h-Alba a tha iad cho dian 'nan oidhearp? Air a' bhliadhna 'chaidh seachad (1878), chaidh buidheann de *Voluntaries* na h-Eaglais Shaoir gu Diuc Richmond agus Ghordain, airson a' Ghaidhlig fhaotainn a bhi air a teagasg ann an sgoilean na h-Aird-an-iar, agus paigheadh fhaotainn bho 'n Chrùn airson a teagasg. Aon aobhar a leig iad ris 'nan tagradh: "*Nach b'urrainn do na Gaidheil an Canain no'n Cainnt fein a leughadh, agus nach tuigeadh iad Cainnt 'sam bith eile.*" Is searbh an innisg so bho mhinistearan na h-Eaglais Shaoir air ar luchd duthcha. Ma labhair iad an fhirinn, an ann bho 'n aobhar sin a tha an oidhearpean airson clann nan Gaidheal a dhusgadh gu Eaglais an Athleasachaidh a thoirt air falbh? Ach cha 'n 'eil sinn a' creidsinn gur i an fhirinn a labhair iad. Cho fhad 'sa choisich sinn Glinn agus Eileanan ar Duthcha cha 'n fhaca sinn Gaidheil cho aineolach agus nach b' urrainn doibh an cainnt mhathaireil fein a leughadh; agus cho fhad 'sa dh' fhoghlum

sinn cha 'n 'eil iad airson Eaglais na h-Alba a thoirt air falbh as an Tir a dheanamh aite do na *Voluntaries*. Is fearr leo fathast Eaglais an Athleasachaidh — Eaglais an Aithrichean—Eaglais *Knox*, *A. helville*, agus *Henderson* na Eaglais *Hutton* agus a threamh—do bhrìgh agus gu bheil iad a' creidsinn gur e Crìosd a ceann. Cha 'n 'eil na Gaidheil airson Airc an Tighearna aiseag do lamhan nam Philisteach. Oir tha fhios aca gle mhaith gur i Eaglais na h-Alba Eaglais an duine bhoichd—an taobh a stigh d'a ballachan gu bheil aite aig an duine bhoichd cho maith ris an duine 's airde inbhe.

Their iad a rithist :—“ Seall ri America, cha 'n 'eil Eaglais Steidhichte ann an America.” Seall ri America agus tha anns na bailtean mòra mòran de mhinisteirean diadhaidh. Ach c'ait anns na bailtean sin a' bheil Eaglais an duine bhoichd? Tha na suidheachain g'an “*roup*” do 'n neach is mò sporan, agus an duine boichd an aoradh Dhia air a chur a thaobh.* Agus ann an

* Ann an cuid a dh'aitean tha Eaglaisean air an togail airson nam boichd air leth mar tha tighean bhoichd againn 's an rioghachd so.

criochaibh iomallach America cha 'n 'eil am bith-eantas ri fhaotainn ach Fear-teagaisg a' toirt cuairt uair' sa mhìos, agus gu tric na's ainmice a chumail aoradh follaiseach Dhia. Ann an astar latha cha chluinnear clag Eaglais a' toirt cuireadh do 'n luchd-aiteachaidh dol a suas do thigh Dhia.

Their sinn a rithist gur i n-Eaglais Steidhichte Eaglais an duine bho chd, agus an ni suarach sin? Nach e so an dearbhadh a bu mho a thug an Slanuighear gu'm b'esan a bha ri teachd? Ann am Mata xi. 2, tha sinn a' leughadh, "an uair a chuala Eoin 'sa phrìosan gnìomhara Chrìosd, chuir e dithis d'a dheisciobluibh d'a ionnsuidh, agus thubhairt e ris; An tusa an tì ud a bha ri teachd no am bi suil againn ri neach eile? Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Imichibh agus innsibh do dh' Eoin na nithe a tha sibh a' cluinntinn agus a' faicinn, a ta na doill a' faotainn an radhairc," &c. Cha robh aig Sagairtean no aig Phairisich Iudea, no aig Feallsanaich nan Cinneach ach beag suim do na bochdan. Tha eucailean a' chuirp brònach, agus tha Chrìosd a nis a' tabhairt brat-sgaile bho shuil an doill, agus a' tabhairt lùgh nam ball do na bachd-

aich. An lobhar a tha 'giulan truailidheachd na h-uaighe 'na bheatha air a ghlanadh. Tha beatha nuadh agus saoghal nuadh air am buileachadh air a bhodhar. Ach tha Criosd ag eiridh gu ni is airde na leigheas eucailean a' chuirp,—ag eiridh gu leigheas an anama. Mar gun abradh e: “Innsibh do dh' Eoin an dearbhadh is mò gur mise a tha air teachd: ‘Tha an Soisgeul air a shearmonachadh do na bochdan’—solus air boisgeadh orra-san a bha 'nan suidhe ann an dorchadas, agus an sgail a' bhais.” Bh'uaithe so chi sinn aon chomharra mòr bho Chriosd fein gur esan an Tì a bha ri teachd:—“*An soisgeul air a shearmonachadh do na bochdan;*” agus an Eaglais nach eil a' cumail sin fa comhair, cha'n Eaglais Chriosd i idir. Ach tha muinntir ann a mheasas “an soisgeul air a shearmonachadh do na bochdan” le buinn airgid. C'ait an do chuir na *U.P.'s* Eaglais no Sgoil an Albainn ach far am paigheadh an sluagh?

Cha tuit sinn an dibheil misnich, oir tha sinn làn chinnteach air aghaidh nan uisgeachan gu'n snamh Airc an Tighearna gu buadhach, ard. Is e Dia fein a tha aig an stiuir. Thubhairt sinn

nach ann an eu-dochas a labhras sinn mu Eaglais na h-Alba. A 'dearcadh air a luchairtean, agus a' cuimhneachadh air gach curaidh a dh' altruim i,—eadhon gach sgaoth a dhealaich rithe, tha sinn làn chinnteach nach tuit Aire an Tighearna an lamhan nam Philisteach—fior naimhdean Eaglais na h-Alba. Thogadh Eaglais na h-Alba i fein mar a thog i ceudan Sgìreachd bho cheann beagan bhliadhnachan. Thogadh an Eaglais Steidhichte i fein ged bheireadh cumhachdan an t-saoghail a maoin aimsireil air falbh, cha'n ann idir le i fein aonadh no irioslachadh ri *Voluntaries*. Thigeadh gach buaireas a thogras, ach sin aon ni nach dean iadsan a sheas dìleas ri Eaglais na h-Alba gu bràth—iad fein aonadh ris a mhuinntir sin—na triallairean a tha 'dol mu'n cuairt a' mallachadh an ni nach do mhallaich Dia, agus a' toirt dùlan do na nithibh do nach d'thug Dia dùlan.

Tha aon ni fìor: an là a thuiteas Eaglais na h-Alba cha tuit i' na h-aonar. Luath no mall tuitidh nithibh eile 'san sgàrnaich; agus tha eadhon naimhdean na h-Eaglais a' toiseachadh air so a thuigsinn. Aire an Tighearna an lamhan

naimhdean Eaglais an Athleasachaidh! B'e sin gun teagamh an truaighe bu mho a thainig riamh air Albainn. B'e sin a bhi a' toirt aimhreit Bhabel do Bheinn Shioin. B'e sin an aite cruinneachadh le Criosd a bhi a' sgapadh le 'naimhdean. Chaidh mòran sgapaidh cheana a dheanamh anns an "aidmheil sin a bha gu bhi air a coimhead gun atharrachadh sam bith anns gach linn ri teachd." Tha Eaglais na Roimh a' leigeil ris a cumhachd; tha Eaglais an Easbuig 'ga cur fein a suas anns gach cearn de 'n Tìr; agus tha aireamh mhòr de mhuintir ann a tha ag iarraidh Criosd a thoirt a nuas o bhi na Rìgh ann an Sion gu bhi na Cheann air buidheann an sid agus an so. Tha Protestanaich na h-Alba air an roinn an aghaidh a cheile mar nach b'e peacadh a tha 'san eas-aonachd. Aig an àm cheudna, ma theid an aimhreit so air aghaidh, tha sinn an dochas gu 'n seas Gaidheil na h-Alba gualainn ri gualainn air taobh na h-Eaglais a tha 'na beannachd cho mhòr 'san Tìr; agus an uair a thig triallairean na *Voluntaries* a fhroiseadh sìl na h-eas-aonachd 'nar measg gu 'n leig na Gaidheil ris dhoibh gu 'n "leugh iad an cainnt fein," agus gu bheil meas

aca air na sochairean a tha 'sruthadh bho Eaglais Steidhichte. Tha e iomchuidh gu 'm bi ceangal dlù eadar an Lagh agus Eaglais na h-Alba—gu feum a' Bhanrigh a bhì do dh' aidmheil na rioghachd a los gu'n dìtear luchd-toibheum agus mi-bheus, agus nach urrainn Lagh no Cumhachd saoghalta geur-leanmhainn a dheanamh na's mo air Eaglais Chrìosd. Bu sgeul phriseil ri chluinntinn gu'n robh an rioghachd gu leir mar le aon chridhe umhail do Rìgh nan Rìghrean agus do Thighearna nan Tighearnan,—le aon chridhe a' co-fhreagradh do bhriathran an t-Salmadair:—

“ O rìghrean, uime sin, a nis,
gabhaibh-sa ciall gu léir ;
A bhreitheamhna na talmhainn fòs,
grad-fhoghlumaibh deadh bheus.

Do'n Tighearna Iehobhah mòr
aoraibh-sa slos gu ceart,
Le h-eagal deanaibh seirbhis mhaith
do Thighearna nam feart,
'S le ball-chrith deanaibh gairdeachas.
Do'n mhac grad-thugaibh pòg,
Air eagal gu'n las 'fhearg-san ruibh,
g' ur milleadh anns an ròd.

An uair a bhitheas corruich air
a' lasadh ach gu beag.
Is beannaicht' iad, gach uile neach,
an dòchas air a leag.”

Iarraibh-se a Chlanna nan Gaidheal bho Eaglais an Athleasachaidh gu 'm bi foghlum agus eud a reir eolais ri fhaotainn ann am Ministeirean na Tìre—buaidhean is fearr gu mòr na bhuineas do na dealasairean a theid 'nar measg bho àm gu àm le briathran tnùthail a' dùsgadh aimhreit agus mì-ruin. Gun sin a chumail air chuimhne, caillidh sinn fadheoidh sealladh air reul-iuil na firinn, agus sgaoilidh an t-ar-amach a dh' eirich bho uail spioradail air a leithid de dhoigh agus gu 'm bi an long a sheol gu buadhach thar ioma tonn air a fagail gun stiuir gun aodach, agus air a luasgadh leis gach gaoth a sheideas.

A nis nam biodh atharrachadh 'nar teagasg no 'nar creud cha bhitheadh a' chuis idir cho brònach. Ach an uair nach 'eil atharrachadh ann, c'arson a tha roinnean 'nar measg? Tha do bhrìgh agus gu bheil claon-bhaigh na's treise na dearbhadh bho reusan agus tuigse. Bho'n chlaon-bhaigh so, cha mhòr nach do chaill Nathaniel Criosd anns a' bheachd nach tigeadh ni maith a Nasaret. Thugaibh an aire nach tuit sibh anns a' mhearachd cheudna, agus am measg gach sgaradh bronach nach caill sinn an acair a tha 'gar ceangal ri Eaglais na h-Alba. Tha fhios againn gu

bheil mòran eud ri fhaotainn 'sa Ghaidhealtachd ; ach tha fhios againn gu bheil mòran dheth a thar-ruing muinntir do 'n Eaglais d'am buin iad fein na's durachdaiche na gu Crìosd.

Tha moran an earbsa ris na Gaidheil. Tha agaibh ri cunntas a thabhairt do 'n àl ri teachd ciamar a ghleidh sibh gun atharrachadh sam bith an "Creidimh a thugadh aon uair do na Naoimh." Tha agaibh ri cunntas a thabhairt do Cheann na h-Eaglais mar a sheasas sibh dileas do 'n Eaglais a bha na beannachd cho mor d'ar Tìr bho cheann tri cheud bliadhna. Gu bhi air ar treorachadh ann an slighe ar dleasdanas a thaobh Eaglais an Athleasachaidh, iarradh gach aon stiuradh bho cheann na h-Eaglais, agus ma ni sinn uile sin gun eagal dhaoine, ged a dh' fheudas am preas a bhi 'logadh cha chaithear e. Anns an dochas so, tha ar n-earbsa ann am briathran an *Revolution Settlement* "gu 'm bi an aidmheil a tha air a steidheachadh a nis an Albainn air a cumail anns gach linn ri teachd gun atharrachadh 'sam bith." Uime sin an aitreamh naomh a thog ar n-aithrichean, cumamaid a suas i ; agus na biodh

aon chlach de 'n togail air a tilgeil a sìos, no air a h-atharrachadh as a h-aite le lamhan a' glacadh Aire an Tighearna le an-danadas. Tha saorsa na h-Eaglais an earbsa ruibh, — saorsa cho priseil agus ma chailleas sibh i, gu feum Iain Knox eile eirigh a thoirt air ais na sochairean a bhuannaich e do dh'Albainn ann an saorsa na h-Eaglais. Leigibh-se ris nach b' e idir an fhirinn a labhair Cleir na h-Eaglais Shaoir ri Diuc Richmond an uair a thubhairt iad “nach b' urrainn do na Gaidheil an cainnt fein a leughadh agus nach tuigeadh iad cainnt 'sam bith eile.” Chuir iad sibh fada na b'isle na *Maories New Zealand*. Thugaibh an aire nach tarraing sibh mallachd agus corruich Dhia oirbh fein agus air ar dùthaich le 'bhi ag aontachadh le triallairean na *Voluntaries*; le Aindiadhairean Shasuinn; agus leis an fhichead seorsa eile a tha deanadh a suas an *Liberation Society*, — is e sin a bhuidheann aig nach eil ceann aobhair sam bith ach Eaglaisean Steidhichte Shasuinn agus Albainn a sgrios. Tha sinn uile chinnteach gu bheil tuillidh earbsa aig na Gaidheil fathast ann an comhairle, an dùrachd, agus an deadh-rùn ministearan na Gaidhealtachd

na anns na ruagalaich a thig an drast agus a rithist g'an dusgadh gu h-ar-a-mach.

Rinn moran de mhinistirean ua h-Eaglais Shaoir iad so a thabhairt g'am broilleach. Tha iad uile 'nan cairdean a nis. An aontaich na Gaidheil leo? Nach ann a their thusa, a charaid: "'Nan diomhaireachd na tigeadh m' anam-sa; r'an coimhthional m' onair-sa na bith-eadh air a h-aonadh." B'e sin dol gu fairge an uair a bhiodh an stoirm a sluaistreadh barr nan tonn gu siobain gheala ghoilteach agus an sgioba an ar-a-mach: An t-Olla Hutton ag glaodhaich an aird a chinn, "thoir bh'uaipe an t-aodach," gun suim ged bhiodh an long air a maslachadh; an t-Olla Rainy ag eigheach, "Thugaibh a stigh sreath 'san t-seol mheadhoin;" an t-Olladh Cinn-naideach ag radh: "Gleidhibh oirre mar a th'aice;" agus an t-Olla Begg ag eigheach: "Cairibh ridhe dh'fheuch am fuar i Rudha-nam-Marbh." Ach mo chreach leir! tha na siuil a nis air an reubadh agus acfhuinn na stiurach air bristeadh; agus tha an long air uideal cuain. Co a rachadh a mach air iomairt-bhathaidh le leithid so de sgioba? Nach bu phrìseil an sin a' chas air tir?

'S e so cor bronach Eaglais an Athleasachaidh. Ach tha sinn an dochas gu'n seas Clann nan Gaidheal fathast dileas dlùth air a' choir; agus ma sheasas, thig an long a sheol gu buadhach ro ioma stoirm a rithist sabhailte gu caladh na sithe.

Bho 'n eas-aonachd air am bheil sinn mar so a' labhairt, cha 'n 'eil e duilich idir fhaicinn gach cunnart a tha bagradh ar dùthcha. Tha suim na firinn a chuir an t-Abstol fa chomhair nan Galatianach fìor an Eachdraidh an t-Saoghail (caib. v. 15), "Ach ma bhios sibh a' teumadh agus ag itheadh a cheile, thugaibh an aire nach claidhear le a cheile sibh." Oir an uair a tha mi-rùn 'sa chridhe, tnù 'sa ghnùis, agus cainnt mhi-chneasda anns na bilibh tha an t-àm aire a thabhairt "*nach claidhear (sgriosar) le cheile*" Eaglaisean an Athleasachaidh. Bu trath a thoisich so an Eaglais Chrìosd. Tha sgeul bhrònach air aithris mu dhà dhuine cumhachdach (*Chrysostom* agus *Epiphanius*) a dh'eirich an corruich cho searbh an aghaidh a' cheile, agus gu'n do ghuidh Epiphanius am boil' inntinn nach bàsaicheadh Chrysostom 'na Easbuig; agus ghuidh Chrysostom 'na fhearg nach tilleadh Epiphanius beo gu ionad

comhnuidh. Agus tha an Eachdraidh ag inn-seadh dhuinn gu 'n d' fhuair gach aon iarrtus. Tha aon bhuidheann a' guidhe gu'm bàsaich Eaglais Steidhichte na h-Alba, ach thugadh iad an aire nach 'eil tuilleadh mòr 'nan guidhe na tha iad a' breithneachadh. Thugadh iad an aire nach 'eil iad a' tabhairt oibheum a thig le dioghaltas air an cinn fein. Feudaidh aon bhuidheann oidhearp a thabhairt air buidheann eile a sgrios, ach thig latha an aithreachais tuille 'us anmoch. Thubhairt aon namhaid cho mhòr agus a bha aig a' chreideamh Chrìosdaidh riamh (*Julian* a threig aidmheil Chrìosd) nach robh creutairean allmharra na machrach cho borb an aghaidh a' cheile 'sa bha na Crìosduidhean; agus air an aobhar sin bha e a' deanadh gairdeacheas gu'n *claidhteadh le cheile iad*. Agus cha robh e fada am mearachd 'na bharail. Bha na h-Eaglaisean cliùiteach a bha an Africa le 'n Eas-aonachd air an sgrios; agus bho Eas-aonachd am measg Phrotostanaich ann an linn Rìgh Eduard Shasuinn, dh'èirich geur-leanmhuinn eagalach an linn Ban-rìgh Mairi. Agus ma gheibh naimhdean Eaglais an Athleasachaidh buaidh an Albainn, 's ann bho 'n aobhar cheudna,

—Eas-aonachd 'nar measg. Oir tha gach rioghachd, gach baile, agus gach tigh a tha roinnte an aghaidh a' cheile buailteach gu tuiteam. Agus tha an t-aobhar furasda a thuigsinn,—oir mar is e eud agu tnù a bheir air falbh sith agus sonas, is e gradh agus muinghin a dh' aonas ri cheile. Bha ceannard cumhachdach ann an *Scythia*, d'am b' ainm *Silurus*. Air leabaidh a bhàis, air dha a chlann a ghairm mu 'n cuairt d'a leabaidh a thoirt dhoibh na comhairle dheireannaich, dh' orduich e dòrlach de shaighdean a cheangal gu cruaidh ri cheile. “Bris an dòrlach,” ars' esan, ri aon mhac; ach cha robh sin 'na chomas. Dh' ordaich e do gach aon d'a mhic an oidhearp cheudna a thabhairt; ach bha gach oidhearp a thug iad an diomhain. “Fuasglaibh na saighdean bho cheile, agus chi sibh cho furasda 'sa bhrisear iad an uair a sgarar iad. Mar sin sibhse, a Chlann, cho fada 'sa sheasas sibh an aon bhann agus air an aon bhonn bithidh sibh sabhailt agus ann an tearuinteachd; ach cho luath 'sa sgarar bho cheile sibh tha sibh cailte.”

Tha an *Scythianach* so a' teagasg dhuinn nach 'eil tearuinteachd ach ann an aonachd. Gun

teagamh tha e duilich do'n duine fhein-speis agus uail fein iobradh fa chomhair eadhon na firinn. Oir tha claon-bhreith a' cur sgaile dorch-adais thairis air an inntinn. Agus a chum teachd gu aonachd feumaidh sinn gach claon-bharail a chur a thaobh, agus a bhi air ar riaghladh le firinn agus le tuigse. Ach a chum aonachd, tha aon ni a dh' fheumas sinn a chumail air chuimhne. Anns an naoidheamh caibdeal de shoisgeul Lucais tha e air innseadh dhuinn, gu'n dubhairt Eoin, "A mhaighstir, chunnaic sinne neach nach 'eil 'gar leantuinn a' tilgeadh a mach dheamhan a' d' ainmsa, agus bhac sinn e, a chionn nach 'eil e 'gar leantuinn féin." B'e Eoin, an t-Abstol gradhach, a labhair na briathran so d'an thug Crìosd an t-achmhasan : — "*Na bacadh e : oir ge b'e neach nach 'eil 'nar n-aghaidh tha e leinn.*" Tha e iongantach cho beag buaidh 'sa bha aig na briathran so a labhair Crìosd air Crìosduidhean anns gach linn. An t-eud a bha anns na Deisciobluibh 'san àm ad, tha e laidir anns an t-saoghal fathast. Ach tha eud ann is miosa,—an t-eud nach eil a' sruthadh bho ghradh do Chrìosd. Cha b'ann bho urram do

Chriosd nach reubadh na saighdeirean Romanach “an còta a bha gun fhuaigheal;” ach do bhrìgh agus gu ’n robh gach aon an duil gu ’n tuiteadh an crann air fein. Tha moran de ’n spiorad sin fathast ’san t-saoghal.

Ann a bhi ’g altrum an spioraid ghraidh a theagaisg Criosd d’a Dheiscioblubh, agus a tha e a’ teagasg dhuinne, tha aig gach aon ri fhoghlum na nithe anns am bheil an Eaglais Steidhichte agus an Eaglais Shaor a’ co-chordadh ann an teagasg, ann an aidmheil, agus ann an gnàthannan: “Seolaidh fireantachd an duine ionraic a shlighe.” Tha sinn làn chinnteach gu bheil iad co-ionnan ’nam beachd mu Fhreasdal Dhe; ’nan aon mu THRI PEARSA NA TRIANAID; ’nan aon mu Obair na Saorsa; mu Dhreuchdan an t-Slànuighear; agus mu Obair an Spioraid. Ann an aon fhacal, tha iad araon a’ creidsinn anns an aon Bhiobul agus anns an aon Leabhar Aidmheil, agus ciod a bhuineas do leas t-anama nach ’eil air fhilleadh a stigh anns an aonachd mhoir sin? C’arson a tha an sgaradh cho bronach am measg aonachd cho mor agus cho luachmhor? Bha moran tuilleadh atharrachaidh anns an Eaglais ris an dubhairt

Paul (Rom. xiv. 1, 2, 3), “*Na deanadh esan a ta 'g itheadh tàir airsan nach 'eil ag itheadh,*” &c. Ach tha e fìor, ged 'tha e doilgheasach, mar is dluithe luchd aidmheil air a' cheile 'nam beachd agus 'nan aideachadh gu'r ann is mo a tha fuath agus mì-run air an cleachdadh; ach is fada bhò 'n thubhairt an duine glìc (Gnathfhocail xviii. 19):—“*Tha bràthair air a bhrosnachadh nis cruaidhe r'a chosnadh na caithir laidir; agus tha aimhreitean bhràithre mar chrannaibh lù-chairt.*”

Tha e a' ghnath feumail a chum aonachd agus sìth a thabhairt mu 'n cuairt, gu 'm foghlum gach neach air gach taobh gu 'm bheil e làn chomasach gu 'm feud beagan mearachd a bhì air an dà thaobh—eadhon gu 'm feud an duine is fearr a bhì ann am mearachd 'na bharrail. Ach co a bhìodh cho dana agus gu 'n abradh e gu bheil ainm an duine sin no nan daoine sin, do bhrìgh agus gu bheil iad cearr 'nam beachd, air an toirt a mach a “*Leabhar na beatha*”? Bha tuilleadh mòr atharrachaidh eadar *Luther* agus *Calvin* na tha eadar an t-Olla *Charteris* agus an t-Olla *Rainy*, na eadhon an t-Olla *Hutton* fein. Ach tha Eaglaisean

ann nach creid gu bheil “suil dheas” idir aca, no eadhon smuirnein san t-suil *chearr* ri spionadh a mach. Nach b’ann de ’n bhuidheann sin an t-Olla *Hutton*—aon de thriallairean na *Voluntaries*—a thubhairt bho cheann beagan tìm ann am baile Forres, nach robh anns a’ chomhnadh a tha reachd na rioghachd a luthasachadh do dh’ Eaglais na h-Alba bho laithean an Athleasachaidh, agus a bhuannaichd Iain Knox le moran saothair ach “Aodramain an Diabhuil” (*the Devil’s bladders*). A reir coltais dhi-chuimhnich an t-Olla Hutton an uair a labhair e na briathran sgreamhail, nach “do ghabh Michael an t-Ard-aingeal, ’nuair a chathaich e an aghaidh an diabhuil, agus a rinn e deasboireachd mu chorp Mhaois, de dhànadas air casaid thoibheumach a thabhairt ’na aghaidh.” Tha e ro iongantach gu’r ann mar is mo an “t-sail” an suil duine is mo a chi e an smuirnein an suil a chomhearsnaich. Agus am measg gach comhstri bhiodh e feumail fhoghlum gu ’m bheil na h-aon naimhdean spioradail aig a h-uile Criosduidh air aghaidh an t-saoghail; agus gu ’n tabhair eas-aonachd anns an Eaglais an Airc fadheoidh an laimh nam Philisteach. Agus ann an

aon fhocal a chum seire agus aonachd a chleachdadh, bhiodh e feumail gu 'n gabhamaid d'ar n-ionnsuidh fein facal suaicheantais *Luther*: “Cia be c'ait (no aon) 'sam faic mi ni sam bith de Chrìosd, an sin tha mi a' gradhachadh.” Bheir gach Eaglais, mar a “*bheir gach aon againn,*” cunntas uimpe “fein do Dhia,” “uime sin na tugamaid breith air a' chèile n'is mò; ach gu ma fearr leinn a bhreith so thoirt, gun aobhar tuit-eam no oibheum a thoirt do bhràthair” (Rom. xiv. 12, 13); “uime sin leanamaid na nithe a bhios a chum sìthe” (v. 19), a chum agus nach bi “fiacha sam bith aig aon neach oirnn, ach a mhain a chèile a ghradhachadh” (Rom. xiii. 8). B'e sin da rìreamh latha an àigh do Ghaidhealtachd na h-Alba; an là 'san seinneadh iad leis an aon inntinn agus leis an aon spiorad seirm ghloirmhor nan Ainglibh air faiche Bhetlehem: “Gloir do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sìth agus deadh-ghean do dhaoinibh.” Bu shona da rìreamh a bhiodh an Tìr an latha a dh' imicheadh na Gaedheil mar bhraithrean, “gun a bhi a cur a mach air a chèile air an t-slighe.” O ma tha sinn a' strì agus 'ag iarraidh a bhi rèidh

ri Dia, c'arson nach bitheamaid a' strì gu bhi reidh ri cheile; oir "is maith an salann," arsa Criosd, "ach ma chailleas an salann a shailteachd, ciod e leis an dean sibh deadh bhlasda e? Biodh agaibh salann annaibh fein, agus bithibh sìochail r'a cheile" (Marc ix. 50). "A' deanamh dichill air aonachd an spioraid a choimhead ann an ceangal na sìthe" (Eph. iv. 3). Mar sin bheir sinn geill do 'n earail: "Coimhlionaibh mo ghairdeachas, gu 'm bi sibh a dh' aon inntinn, a dh' aon ghradh, a dh' aon toil, a dh' aon bhreithneachadh. Na deanar aon ni tre chonnsoid, no tre ghloir dhiomhain, ach ann an irioslachd inntinn measadh gach aon gur fearr neach eile na e fein" (Phil. ii. 2, 3). Agus na di-chuimhnich nach d' thug Criosd ach aon aithne nuadh dhuinn:—GRÀDH-AICHIBH A CHEILE.

A CHRIOCH.

CLO-BHUALTE LE UILLEAM BLACKWOOD AGUS A MHIC.

